

A' cleachdadh Matamataig & Saidheans airson taic a chur ri Àireamhachd, Litearrachd agus Slàinte

Amasan

- Dè cho comhfhurtail 's a tha sibh le Curraicealam airson Sàr-mhathais?
- A bheil fiosrachadh gu leòr agaibh mu dheidhinn?
- A bheil ùine air a bhith agaibh eòlas a chur air?

Neach-libhrigidh:

Anna Thirkell

Gearr Chunntas

Chuir Anna trì ceistean a' leanas air beulaibh na bha an làthair:

1. Dè cho comhfhurtail 's a tha sibh le Curraicealam airson Sàr-mhathais?
2. A bheil fiosrachadh gu leòr agaibh mu dheidhinn?
3. A bheil ùine air a bhith agaibh eòlas a chur air?

Chaidh iad ann am buidhnean airson na ceistean sin a dheasbad agus tha na freagairtean aca gu h-ìosal:

- Dìreach a' cur eòlas air
- Air cuid de na 'topics' fhaicinn agus ciamar a bu choir na h-iallan a bhith air an leasachadh
- Bha dà latha in-sheirbheis aig Peairt mu dheidhinn
- Tha e air fhàgail gu math fosgailte
- Ceistean mu dè dìreach a tha cuid de rudan ann a' ciallachadh
- Chan eil irean air an stèidheachadh fhathast agus mar sin tha feum air tuilleadh fiosrachaidh

Ceist eile bho Anna:

Ciamar a tha Curraicealam airson sàr-mhathais diofraichte bho 5-14?

Chaidh iad ann am buidhnean airson na ceistean sin a dheasbad agus tha na freagairtean aca gu h-ìosal:

- Tha e nas fharsaing
- Barrachd cothrom aig clann pàirt a ghabhail san ionnsachadh aca fhèin agus obrachadh còmhla
- Bheir e ullachadh nas fheàrr dha clann nuair a bhitheas iad nan inbhich
- Barrachd cothrom air ionnsachadh gnìomhach
- Ceangalan nas fheàrr eadar cuspairean
- Bidh e nas duilghe a libhrigeadh san àrd-sgoil
- Tha tòrr 'jargon' anns na ceithir 'capacities' – tha tidsearan air a bhith gan dèanamh co-dhiù
- Tha cluich cudromach aig na tràth ìrean ach feumaidh planadh ceart a bhith na luib

Thug Anna seachad seòladh làrach-lìn: www.ltscotlandn.org.uk/curriculumforexcellence/responsibilityforall/index.asp

Bha còmhradh ann mun diofar eadar àireamhachd agus matamataig. Seo na beachdan:

- Tha iad faisg air a chèile
- Tha àireamhachd nas coltaiche ri 'arithmetic' na ri matamataig
- Data handling – tha e cuideachail dha clann a bhith a' faighinn suidhichidhean ceart (real situations)
- 'S e 'subset' de matamataig a th' ann an àireamhachd a tha a' gabhail a-steach uair, airgead, toirt-air-falbh, msaa

Thug Anna seachad pàipearan a' sealltainn lèirmheas LTS airson àireamhachd



Litearrachd

Còmhradh buidhne mu dheidhinn dè bu choir dhuinn a bhith a' brosnachadh:

- Ge bith dè a tha thu a' teagasg, cùm sùil air litearrachd
- Leig leis a' chloinn na leabhraichean aca fhèin a thaghadh
- Sgrìobhadh, leughadh, èisteachd, comas labhairt – uile cudromach
- Faodaidh iad structaran cànanain ionnsachadh tro amhrain agus drama

Matamataig

Cuspair – ciamar a chleachdas sinn Matamataig airson taic a chur ri àireamhachd, litearrachd agus slàinte?

Dh'obraich na buidhnean le cumaidhean dathte de dhiofar mheudan. Thòisich iad a' dèanamh triantain agus choimhead iad ri mar a b' urrainn dhaibh na cumaidhean atharrachadh le diofar chumaidhean, dathan, msaa agus mar a dh'ionnsaicheadh clann mar a dh'oibrichheadh iad còmhla airson fuasgladh cheistean. Rinn iad dealbh leis na cumaidhean cuideachd – bha an dùbhlán seo airson clann mu ìre 3. Dh'fhaodadh iad a bhith air a dhèanamh nas freagrach dha clann nas òige le nas lugha de chumaidhean, agus cumaidhean an aon mheud. Dh'fhaodadh iad a dhèanamh nas freagrach dha clann nas sine le bhith a' cleachdadh ICT agus barrachd còmhradh mu dheidhinn na rinn iad. A thuilleadh air a bhith ag ionnsachadh mu chumaidhean (matamataig) bha an dùbhlán seo a' toirt sgilean labhairt na cloinne air adhart (litearrachd) agus a' brosnachadh slàinte oir bha na dealbhan a rinn iad a' toirt orra a bhith a' bruidhinn air mar a bha iad a' faireachdainn.

Saidheans

Cuspair – ciamar a chleachdas sinn Saidheans airson taic a chur ri àireamhachd, litearrachd agus slàinte?

Sheall Anna làrach-lìn 'Concept cartoons' dha na tidsearan: www.conceptcartoons.com/index.flash.html. Tha seo math airson a bhith a' toirt beachdan dha na tidsearan airson saidheans – tha bun-smuain saidheansail air a toirt seachad, bidh triùir an uairsin a' toirt diofar bheachdan seachad air agus tha aig a' chloinn ri obrachadh a-mach dè tha ceart. Me, If we sow a new seed we will grow a new plant, if we cut the stalk a new plant will grow, msaa. Bidh na buidhnean a' bruidhinn air cò tha ceart no a bheil freagairt eile ann. Tha àireamhachd, litearrachd agus slàinte a' tighinn a-steach sna dòighean a leanas:

- a' tomhas na plantraisean
- a' dèanamh grafaichean den fhiosrachadh
- a' clàradh fiosrachadh
- òrdughachadh (sequencing)
- a' dèanamh bileagan fiosrachaidh (labels)
- a' dèanamh diagraman
- a' còmhradh / deasbad
- leughadh toraidhean
- sgrìobhadh cruthachail
- ag obair còmhla
- ag èisteachd

